

# Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

*A special programme, in the form of a “letter”, designed for Gaelic learners who already have some knowledge of the language. A short vocabulary and comments on points of grammar and figures of speech are included with the text. If you have comments, Ruairidh can be contacted at [rodny.macleon@bbc.co.uk](mailto:rodny.macleon@bbc.co.uk). This is Litir 615. Note that there is also a simplified version called An Litir Bheag which is likewise available on the BBC website. Litir Bheag 311 corresponds to Litir 615.*

Bidh daoine a’ gabhail iongnadh uaireannan mu ainmean-àite ann an Alba, far a bheil an dreach Gàidhlig agus an dreach Beurla gu tur eadar-dhealaichte bho chèile. ’S e eisimpleir *Dingwall*, a tha a’ tighinn bhon t-Seann Lochlannais, agus *Inbhir Pheofharain* bhon Ghàidhlig, ged a tha ainm an uillt ’s dòcha a’ tighinn bho chànan nan Cruithneach. ’S e eisimpleir eile *Helmsdale* (bho Lochlannais), air a bheil ainm Gàidhlig a tha uabhasach sean – *Bun Ilidh*.

Am measg ainmean dhen t-seòrsa sin, tha fear ann am Fìobh – *Cill Rìmhinn*. Chan e baile mòr a th’ ann, ach bha e cudromach ann an eachdraidh na h-Alba, gu h-àraidh ann an eachdraidh na h-eaglaise – agus ann an eachdraidh goilf. Bha e cudromach ri linn nan Cruithneach, a rèir choltais, agus gu deimhinne ri linn nan Gàidheal ann am Fìobh.

Agus tha e fhathast cudromach an-diugh, oir tha ceangal aige do naomh-taice nàiseanta na h-Alba – an Naomh Anndra. ’S e a’ Bheurla air Cill Rìmhinn – *St Andrews*. Bidh sinn a’ bruidhinn anns an dà chànan air *St Andrews University* agus *Oilthigh Chill Rìmhinn*. Ach ciamar a fhuair am baile an dà ainm sin, a tha cho eadar-dhealaichte bho chèile?

’S e an t-ainm Gàidhlig as sine. Chan e *Cill Rìmhinn* a bh’ ann bho shean, ge-tà, ach *Cinn Rìmhinn*, no rudeigin coltach ri sin. Tha e a’ nochdadh an toiseach ann an seachd ceud, ceathrad ’s a seachd (747) AC ann an Annala Uladh. Thathar ag aithris *mors Tuathalain abbatis Cinrigh Monai* (*bàs Tuathalain, aba Cinrigh Monai*). Tha sin a’ sealltainn dhuinn dà rud. Anns a’ chiad dol a-mach, bha an t-àite cudromach gu leòr airson a bhith air a chlàradh ann an làmh-sgrìobhainn à ceann a tuath na h-Èireann. Agus bha e co-cheangailte ri monadh a chaidh ainmeachadh airson rìgh.

Tha an sgoilear, Sìm Mac an Tàilleir, a thug sùil gheur air ainmean-àite Fìobha, dhen bheachd gun robh an t-ainm Gàidhlig na eadar-theangachadh air an ainm Chruithneach a bh’ ann roimhe – *Penrimonid* no rudeigin coltach ri sin. B’ e a’ Ghàidhlig *Ceann Rìghmonadh*. ’S e an t-eadar-theangachadh air “royal or king’s muir, upland, rough grazing”. Tha an talamh àrd anns an sgìre fhathast a’ giùlain an ainm *Kingsmuir*. Tro thìde, ann an Gàidhlig, dh’atharraich *rìghmonadh* gu *rìghmhonadh* gu *rìmhinn*.

B’ e ainm a’ bhaile ann am Beurla airson ùine mhòr *Kilrymont*. Bha sin stèidhichte air an ainm Ghàidhlig. Bha Kilrymont a’ buntainn ris an rubha **far an do thogadh a’ chathair-eaglais** anns an dàrna linn deug, ach far an robh **an t-seann**

**eaglais** no cill roimhe. Bha *Kin-* air atharrachadh gu *Kil-*. Thachair sin timcheall air an dàrna linn deug. Tha e coltach gun deach atharrachadh leis gun robh an t-àite cudromach mar làrach eaglaise. B' iad Gàidheil a bha a' smachdachadh na h-Eaglaise ann an Alba aig an àm sin.

Tha Mac an Tàilleir ag innse dhuinn gur iad na Gàidheil a-mhàin a ghlèidh an seann ainm *Cill Rìmhinn*. Chaidh *Kilrymont* à bith ann am Beurla. Ach anns na beagan deicheadan a dh'fhalbh, chaidh a thoirt beò às ùr. A-nise, ann an Cill Rìmhinn, tha Kilrymont Road, Crescent, Place – agus School. Agus an t-ainm *St Andrews*? Bheir sinn sùil air sin an-ath-sheachdain.

\* \* \* \* \*

**Faclan na Litreach:** Fìobh: *Fife*; Cill Rìmhinn: *St Andrews, Kilrymont*; Annala Uladh: *The Annals of Ulster*; Sìm Mac an Tàilleir: *Simon Taylor*; rubha: *point, promontory*; làrach: *site*; a' smachdachadh: *controlling*.

**Abairtean na Litreach:** Bidh daoine a' gabhail iongnadh uaireannan: *people are sometimes surprised*; an dreach Gàidhlig: *the Gaelic form*; gu tur eadar-dhealaichte bho chèile: *completely different from each other*; bhon t-Seann Lochlannais: *from Old Norse*; ged a tha ainm an uillt 's dòcha a' tighinn bho chànan nan Cruithneach: *although the name of the burn perhaps comes from the language of the Picts*; a rèir choltais: *apparently*; gu deimhinne ri linn nan Gàidheal ann am Fìobh: *certainly during the time of the Gaels in Fife*; tha ceangal aige do naomh-taice nàiseanta na h-Alba – an Naomh Anndra: *it is connected to the patron saint of Scotland – St Andrew*; cho eadar-dhealaichte bho chèile: *so different from each other*; airson a bhith air a chlàradh ann an làmh-sgrìobhainn: *to be recorded in a manuscript*; à ceann a tuath na h-Èireann: *from the north of Ireland*; a thug sùil gheur air ainmean-àite Fìobha: *who closely examined the place names of Fife*; rudeigin coltach ri sin: *something like that*; tha an talamh àrd fhathast a' giùlain an ainm: *the high land still carries the name*; ag innse dhuinn gur iad na Gàidheil a-mhàin a ghlèidh an seann ainm: *tells us that it was only the Gaels who preserved the old name*; chaidh X à bith: *X became extinct*; na beagan deicheadan a dh'fhalbh: *the past few decades*; chaidh a thoirt beò às ùr: *it's been brought back to life*.

**Puing-chànain na Litreach:** far an robh **an t-seann eaglais** no cill roimhe: *where the old church or cell was previously. The reason we put the t- in front of seann in the nominative singular case is because eaglais is a feminine noun, so it takes a feminine form (cf an t-seirbheis [fem] but an seachnadh [masc]). This is the general rule for an adjective preceding a noun that starts with a lenitable “s” (sàr works similarly). Other examples of masculine nouns (in the nominative singular case): an seann bhodach, an seann bhoireannach, an seann bhòrd. Examples of feminine nouns: an t-seann chailleach, an t-seann chathair, an t-seann bhò.*

**Gnàthas-cainnt na Litreach:** far an do thogadh a' chathair-eaglais: *where the cathedral was built.*

*If you're interested in Fife place names, “The Place Names of Fife” by Simon Taylor (with Gilbert Márkus), Shaun Tyas: Donington, 2009 is a wonderful and authoritative resource.*

*Tha “Litir do Luchd-ionnsachaidh” air a maoineachadh le MG ALBA*